




The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba


# Ar Facail Cànan sa Phàrlamaid 2

Le Àrd-sgoil Beath agus Magic Torch Comics

Tha cumhachd aig Pàrlamaid na h-Alba air cùisean tiomnaichte.



Am measg nan cùisean tiomnaichte tha àiteachas, foghlam agus lagh is rian.



Bidh a' chomataidh phàrlamaideach as fhreagarraiche a' beachdachadh air a' bhile agus a' sgrìobhadh aithisg mu dheidhinn.

Ma thèid am bile air adhart, thèid a sgrùdadh gu mionaideach is thèid atharrachaidhean a dhèanamh air. Beachdachaidh a' Phàrlamaid air fad air an uair sin. Bhotaidh BPA gus co-dhùnadh a bheil e a' dol air adhart no A' fàiligeadh.

Nuair a gheibh am bile Aonta Rìoghail, 's e Achd Pàrlamaid na h-Alba a th' ann.





Tha cànan soilleir cudromach. Faodaidh cànan a bhith air a thogail ceàrr ann am beatha àbhaisteach.

Nach ith sinn Granaidh.



Tha pungadh ceart air leth cudromach gus nach bi mì-thuigse ann....

Nach ith sinn, Granaidh.



Tha faclan is abairtean eadar-dhealaichte air an tuigsinn ann an diofar dhòighean le daoine. Ann an reachdas 's e glè bheag àite a th' ann airson beachdan is eadar-mhìneachadh.



Tha soillearachd cudromach.




Chan urrainn dhut fònachd air tablaid mo chliant mur eil e air wi-fi -- chan e 'fòn-làimhe' a th' ann.

Toilichte gun do smaoinich mi air sin. 'S fheàrr a dhèanamh nas soilleir.

Thèid ath-sgrùdadh, breithneachadh agus deasachadh a dhèanamh air cànan reachdais iomadh turas mus tèid e don lagh, airson mì-thuigse agus dùbhlain laghail a sheachnadh.



Tha Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba (SPICE) a' toirt fiosrachadh do Bhuill Pàrlamaid na h-Alba agus don mhòr-shluagh.




“Thoir-leatan (takeaways) an Alba.”



Tha SPICE a' taisbeanadh fiosrachadh, chan e beachdan, airson troimh-a-chèile a sheachnadh.

Tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil an cuid artaigilean agus bhlogaichean stèidhichte air tùsan fiosrachaidh earbsach.




Sgrìobhaidh SPICE airson diofar dhaoine. Sgrìobhaidh iad airson BPA a tha a' dèanamh laghan, luchd-naidheachd a tha a' sgrìobhadh artagalan, agus airson a' phobail a tha a' feuchainn ri faighinn a-mach na tha a' tachairt.

Tha feum aig BPA air fiosrachadh agus figearan. Tha iad feumach air tòrr fiosrachaidh, staitistigs agus beachdan eadar-dhealaichte.



Gu tric bidh grunn dhuilleagan ann am brathan-ullachaidh SPICE do BhPA agus faodaidh iad a bhith gu math toinnte.




Tha BPA a' dèanamh laghan agus, le sin, feumaidh fìor dheagh thuigse a bhith aca air na cuspairean. Faodaidh iad brath a chur gu SPICE airson an fhiosrachadh a tha a dhìth orra.



Ach cha bhi SPICE a' dèanamh mholaidhean – tha e an urra ris na BPA dè a nì iad leis an fhiosrachadh.





Tha SPICe ag obair gus soilleireachd a bhrosnachadh le bhith a' toirt fiosrachadh don mhòr-shluagh.




**Blogaichean SPICe**

- Nas lugha ri leughadh na brathan-ullachaidh nam BPA
- Nas fhasa a leughadh
- Fòcas air an fhiosrachadh as cudromaiche
- Nas neo-fhoirmeile
- Nas lugha sgleò-chainnt



Tha mi a' tuigsinn a-nis! Tapadh leibh SPICe.




Staitistearachd

Fìrinnean

Beachdan

Rannsachadh



Uaireannan, tha fiosrachadh nas fhasa a leughadh ann an dealbh.

Bidh SPICe a' toirt seachad tòrr fiosrachaidh ann an riochd dhealbh airson cuideachadh le tuigsinn.



Tha seo cho soilleir. Tha mi airson m' fhiosrachadh fhèin a sgrìobhadh san dòigh seo.



Airson blogaichean agus fiosrachadh bho SPICe a leughadh, dèan sgan air còd QR le fòn no taibhid.

[@scotparl](http://www.facebook.com/scottishparliament)  
[www.parliament.scot](http://www.parliament.scot)  
 0131 348 5000